



BEAIRTEAS

Seisean 5

Ceitlin Lilidh & Jayne NicLeòid



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot



Ceitlin Lilidh



Mar cheumnaiche bho Chonservatoire Rìoghail na h-Alba, buannaiche a’ Bhuinn Òir aig a’ Mhòd Nàiseanta Rìoghail agus tè a th’ air duais Danny Kyle a choisinn, tha Ceitlin Lilidh iomraiteach air feadh an t-saoghail mar thosgair airson òrain Ghàidhlig. Tha a guth ri chluinntinn ann an *Outlaw King* air Netflix agus air clàr Skippinish *The Seventh Wave*.

Tha i air seinn gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta aig fèisean ainmeil a leithid Celtic Colours, Festival Interceltique de Lorient, Fèis Èireannach Milwaukee agus Celtic Connections. Cuide ri bhith aithnichte mar shàr-sheinneadair leatha fhèin, tha Ceitlin na trian den chòmhlan-chiùil Sian.

Na h-obair làitheil tha Ceitlin an sàs anns na meadhanan, ag obair na preasantair airson BBC ALBA, a’ riochdachadh susbaint airson na meadhanan sòisealta agus a’ dèanamh guthan cartoons.

As a graduate of the Royal Conservatoire of Scotland, winner of the Traditional Gold Medal at the Royal National Mòd and with a Danny Kyle award under her belt, Ceitlin Lilidh has a wealth of experience performing all over the world as an ambassador to Gaelic song.

She has performed nationally and internationally at renowned festivals including Celtic Colours, Festival Interceltique de Lorient, Milwaukee Irish Fest and Celtic Connections. As well as establishing a solo career, Ceitlin continues to immerse herself in a number of collaborative projects and is a member of Gaelic singing trio Sian.

When not performing, Ceitlin works in Gaelic media as a presenter for BBC ALBA, as well as production social media content and providing voices for cartoons.



Jayne NicLeòid

Jayne MacLeod



'S e dansair a th' ann an Jayne NicLeòid, a rugadh agus a thogadh ann an sgìre Nis. Thòisich i a' dèanamh Dannsa Gàidhealach aig aois òg, agus greis an dèidh sin, ghabh i ùidh ann an stoidhlichean eile, leithid Dannsa Ceum. Chaidh a h-oideachadh le dansairean à Alba agus à Ceap Breatainn ann an Alba Nuadh.

Tha Jayne cuideachd air a bhith ag obair anns na Meadhanan Gàidhlig na Leas-riochdaire, agus tha ùidh mhòr aice ann an cànan agus dualchas na Gàidhlig. Tha i a' faireachdainn gur e urram a th' ann a bhith a' faighinn cothrom coinneachadh ri uiread de dhaoine a tha cho deònach an cuid sgeulachdan aca innse airson prògraman aithriseach do BhBC ALBA.

Tha i gu math pròiseil gur ann à Nis a tha i, àite far a bheil a' Ghàidhlig fhathast gu math làidir agus tha i an-còmhnaidh deònach innse do dhaoine cho mìorbhaileach 's a tha Ceann a Tuath Leòdhais!

Jayne Macleod is a dancer, who was born and brought up in Ness. She began Highland Dancing when she was quite young, and then took an interest in other styles, such as Step Dance. She was taught by dancers from both Scotland and Cape Breton in Nova Scotia.

Jayne has been working in Gaelic Media as an Assistant Producer, and she is very enthusiastic about the Gaelic language and culture. She feels very fortunate to meet so many people who are willing to share their stories for BBC ALBA documentaries.

She is very proud of the fact that she comes from Ness, known for being a Gaelic stronghold, and she takes every opportunity to tell people how wonderful the North of Lewis is!

